

Children 1st



Safeguards
Panel Team

Sgioba Panail
Luchd-barantais

Luchd-barantais

Fiosrachadh do chlann,
daoine òga agus teaghlaichean



Is e m' ainm

Is mise an Neach-barantais airson

Faodaidh tu fios a chur thugam le bhith:

A' fònach/teacsadh

A' cur post-d

Is dòcha gu bheil tòrr iomagain ort is ceistean agad mu Neach-barantais. Tha an leabhran seo airson clann, daoine òga, agus an teaghlaichean a chuideachadh a' tuigsinn dè a th' ann an Neach-barantais agus dè bhios iad a' dèanamh. Tha sinn an dòchas gum bi am fiosrachadh seo feumail dhut.

Tha luchd-barantais ag iarraidh gum bi thu a' faireachdainn...

Sàbhailte agus cofhurtail

Gu bheil daoine ag
èisteachd riut

Gu bheil urram ga
thoirt dhut

Misneachail
gus ceistean
fhaighneachd

Fiosrach
mu Luchd-
barantais agus
an dleastanas

Gheibhear barrachd fiosrachaidh air an làrach-lìn againn:

www.children1st.org.uk/safeguarders

Dè a th' ann an Neach-barantais?

Nuair a tha pàiste no neach òg a' fulang rudan duilich nam beatha, faodaidh iad a bhith an sàs ann an Èisteachd Cloinne no cùis-chùirte. Uaireannan thèid iarraidh air Neach-barantais cuideachadh a thoirt do Shiorram no Panail Èisteachd Cloinne gus co-dhùnadh dè an ath rud a bu chòir tachairt don phàiste no neach òg.



Tha Neach-barantais ag iarraidh ionnsachadh mu na tha a' tachairt ann am beatha pàiste no neach òg gus dèanamh cinnteach gu bheil co-dhùnaidhean sam bith a thèid a dhèanamh aig an Èisteachd no sa chùirt gu leas a' pàiste no an neach òg.




Tha luchd-barantais neo-eisimeileach. Tha seo a' ciallachadh nach eil iad ceangailte ri daoine eile a tha ag obair còmhla ris a' pàiste no an neach òg, leithid buill a' phanail, luchd-obrach sòisealta, no luchd-lagha. Tha cead aca am beachdan a thoirt seachad air na tha gu leas a' pàiste no neach òg.



Dè tha 'leas' a' ciallachadh?

Tha còraichean daonna aig clann agus daoine òga. Is iad na còraichean sin na rudan a dh'fheumas iad airson beatha shàbhailte, fhallain agus thoilichte a bhith aca. Tha iad air an liostadh ann an sgrìobhainn ris an canar Cunradh nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Cloinne (UNCRC). Feumaidh luchd-barantais spèis agus dìon a thoirt do chòraichean daonna cloinne fhad 's a tha iad a' beachdachadh air dè as fheàrr do phàiste no neach òg.

Tha 'leas' a' ciallachadh gu bheil clann agus daoine òga a' faighinn nan còraichean uile a tha san UNCRC, agus gum bi inbhich a' smaoineachadh air an sunnd, fàs agus leasachadh nuair a tha iad a' dèanamh cho-dhùnidhean a bheir buaidh air beatha cloinne is dhaoine òga.



Bidh luchd-barantais an-còmhnaidh a' dèanamh an rud a shaoileas iad as fheàrr do phàiste no neach òg. Tha iad ann airson dèanamh cinnteach gun urrainn don Èisteachd Cloinne no a' chùirt an co-dhùnadh as fheàrr a dhèanamh airson a' phàiste no an neach òg.

Is dòcha gun aontaich no nach aontaich am pàiste, neach òg agus an teaghlaidhean ri molaidhean an Neach-barantais. Mìnichidh luchd-barantais an-còmhnaidh carson a tha iad air na molaidhean aca a dhèanamh.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh
mu chòraichean daonna
cloinne agus an UNCRC an seo:
www.cypcs.org.uk/rights



Dè a nì Neach-barantais?

Coinnichidh Neach-barantais ris a' phàiste no an neach òg gus eòlas fhaighinn orra, ionnsachadh mu na tha iad ag iarraidh, agus ceistean sam bith a th' aca a fhreagairt.



Bruidhnidh Neach-barantais ri inbhich ann am beatha a' phàiste no an neach òig (leithid phàrantan, luchd-cùraim, tidsearan, luchd-obrach sòisealta, no daoine eile) gus faighinn a-mach dè a tha iad a' smaoinichadh a b' fheàrr don phàiste no don neach òg.



Leughaidh Neach-barantais am fiosrachadh bhon Èisteachd Cloinne mun phàiste no neach òg agus an suidheachadh aca.



Nì Neach-barantais molaidhean a chuidicheas Panail Èisteachd Cloinne gus co-dhùnadh dè as fheàrr don phàiste no don neach òg. Thèid seo a sgrìobhadh ann an aithisg, agus bu chòir don Neach-barantais na molaidhean aca a **cho-roinn agus a mhìneachadh** leis a' phàiste no an neach òg agus daoine eile.

Faodaidh am pàiste no an neach òg an aithisg seo fhaicinn mar phàirt den fhiosrachadh a tha air a thoirt seachad don Èisteachd Cloinne.



Bidh Neach-barantais an làthair aig an Èisteachd no a' chùirt gus beachdan a' phàiste no an neach òg a thoirt seachad agus am molaidhean a mhìneachadh air dè an ath rud a bu chòir tachairt.



Aon uair 's gu bheil co-dhùnadh air a dhèanamh, cha bhi Neach-barantais an sàs sa chùis tuilleadh agus leigidh iad soraìdh leis a' phàiste no an neach òg.



Airson tuilleadh fiosrachaidh air mar a gheibh thu cothrom air aithisg Luchd-barantais, tadhail air: www.scra.gov.uk

Prìobhaideachd is Dìomhaireachd

Tha còir aig clann agus daoine òga air prìobhaideachd, agus tha e cudromach gun toir Siostam nan Èisteachdan Cloinne agus Luchd-barantais spèis do seo.

Tha luchd-barantais ag iarraidh coinneachadh agus bruidhinn ri pàiste no neach òg gus ionnsachadh mu am beatha, ach faodaidh am pàiste no an neach òg co-dhùnadh nach eil iad airson bruidhinn ris an Neach-barantais. Faodaidh iad bruidhinn ri Neach-barantais no diùltadh sin a dhèanamh, agus faodaidh iad an inntinn atharrachadh.

Cumaidh Luchd-barantais gach fiosrachadh pearsanta dìomhair. Tha sin a' ciallachadh gun cùm iad prìobhaideach e agus nach co-roinn iad e ach nuair a bhios feum air le daoine aig a bheil cead fhaicinn.

Nì an Luchd-barantais cinnteach gu bheil iad a' cumail a h-uile sgrìobhainn dealanach is pàipeir sàbhailte agus tèarainte. Feumaidh iad cumail ris na riaghailtean a tha air am mìneachadh anns an Rìaghladh Dìon Dàta Coitcheann 2016.

Nuair a thèid co-dhùnadh a dhèanamh le Èisteachd Cloinne no leis a' chùirt, feumaidh Neach-barantais cur às do fhiosrachadh sam bith a th' aca mu phàiste no neach òg.

Ma gheibh Neach-barantais fios nach eil pàiste no inbheach sàbhailte, no fios mu eucoir, tha e mar dhleastanas orra innse mu seo.


Beachd-air-ais mu Luchd-barantais



Bu mhath leinn cluinntinn bhuat!

Cuidichidh do bheachdan sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil Luchd-barantais a' dèanamh nas urrainn dhaibh gus leas cloinne agus daoine òga a dhìon.

Ma tha thu airson dad sam bith innse do Sgioba Panail an Luchd-barantais mu mar a chaidh dhut le Neach-barantais, dèan sgan air a' chòd QR no tadhail air:



www.children1st.org.uk/sg-feedback

Ma tha ceist, dragh no gearan agad mu obair, gnìomhan no giùlan an Neach-barantais agad, cuir fios gu Sgioba Panail Luchd-barantais Children 1st. Tuilleadh fiosrachaidh an seo:

www.children1st.org.uk/sg-complaints



**Sgioba Panail
Luchd-barantais**

Tadhail air an làrach-lìn againn gus tuilleadh
fhaighinn a-mach mu Luchd-barantais no
airson beachd-air-ais a thoirt seachad:

www.children1st.org.uk/safeguarders

Sgioba Panail Luchd-barantais

Àireamh fòn: 0345 604 4296

Post-d: safeguarderspanel@children1st.org.uk



**Tha luchd-barantais air an cur an dreuchd le Ministearan Riaghaltas
na h-Alba agus a' faighinn taic bho Sgioba Panail an Luchd-barantais.
Tha Sgioba Panail an Luchd-barantais (SPT) stèidhichte aig Children
1st agus a' stiùireadh lìonra nàiseanta Luchd-barantais.**

Oifis Chlàraichte Children 1st, 83 Whitehouse Loan, Dùn Èideann EH9 1AT
Àireamh Carthannas Albannach Clàraichte SC016092